

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Beachdan

Tha SMO a' cur fàilte air a' Phlana sa cuir moladh air na bha sàs ann a bhith ga dhealbadh. Gu sònraichte tha SMO a' cur fàilte air modh-obrach a' Bhùird ann a bhith stri ann an raon farsaing - ni tha co-fhreagairt ri raon-obrach an t-Sabhail o thùs.

Tha SMO mothachail air cuingead chumhachdan a' Bhùird aig an ìre seo is gu feum tòrr den obair dhol air adhart an co-bhonn le buidhnean eile. Le sin, ged tha, tha laigse mhòr dha-rìreabh sa Phlana a thaobh 's nach eil ceangal sam bith eadar amasan a' Phlana agus maoinachadh bhuidhnean coileanaidh. Ar leinn gu bheil dòrlach obrach ri dhèanamh eadar na buidhnean sin agus am Bòrd airson feòil is fèithean a chur air craslach a' Phlana mar tha e an dràsta.

Puingean

td. 49

Foghlam treas-ìre

Ar leinn gu bheil an cuibhreann a tha seo den Roi-innleachd Nàiseanta car lom. Cha shoirbhich le oidhirpean-sgoile is eile mura bi luchd-obrach sàr-uidheamaichte ann airson nan nithean sin a ghabhail os làimh.

td 53

Tabhartasan Sònraichte airson Gàidhlig

Ma thatar a' dol a' steidhicheadh reachd chruaidh a thaobh a bhith a cuingalachadh maoinachadh gach pròiseact fa leth gu trì bliadhna tro Thabhartasan Sònraichte, a bheil dearbhadh soilleir, sgrìobhte ann gu bheil airgead, a dh'aona ghnòthach, an struth maoinachaidh àbhaisteach nan Comhairlean a thaobh obair na Gàidhlig agus an fheumachd air thomhas a rèir nam modhan àbhaisteach? Mura bheil tha cunnart mhòr ann gun cuir an amas seo suidheachadh na Gàidhlig ceum mhòr air ais.